



JOINT INSPECTION
OF **ADULT SUPPORT**
AND **PROTECTION:**
REVIEW OF PROGRESS

Ann an Sgìre Com-pàirteachais nan

Eilean Siar

Air fhoillseachadh sa Ghearran 2025

Clàr-innse

Cùl-fhiosrachadh mu lèirmheasan adhartais.....	3
Geàrr-chunntas air adhartas a rinneadh ann an Com-pàirteachas nan Eilean Siar	6
Adhartas air prìomh raointean far a bheil leasachadh a dhith	8
Geàrr-chunntas air adhartas	19
Na h-ath cheuman	20

Cùl-fhiosrachadh mu lèirmheasan adhartais

Com-pàirtichean a' cho-sgrùdaidh

Anns an Ògmhios 2023 dh'iarr Ministearan na h-Alba gun stiùireadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim na h-ath-sgrùdaidhean adhartais air taic is dìon inbheach ann an co-obrachadh le Leasachadh Cùram-slàinte na h-Alba agus Luchd-sgrùdaidh Poilis an Rìgh an Alba. Bha iad sin co-cheangailte ri sia com-pàirteachasan air feadh na h-Alba far an do sheall am prògram sgrùdaidh againn aig ìre 1 eadar 2020 agus 2023 gun robh laigsean mòra ann a bha na bu mhotha na na neartan.

Fòcas a' cho-sgrùdaidh

Is e adhbhar nan sia sgrùdaidhean seo aig sgioba nan co-sgrùdaidhean barantas a thoirt seachad mun ìre is gu bheil adhartas air tachairt anns na sgìrean com-pàirteachas seo¹.

Còd-cleachdaidh air ùrachadh

Chaidh an [còd-cleachdaidh ùraichte](#) fo Achd Taic agus Dìon Inbheach (Alba) 2007 fhoillseachadh san Iuchar 2022. Bu chòir com-pàirteachasan a bhith air an stiùireadh còd-cleachdaidh ùr a chur an gnìomh airson nan cùisean a chaidh a sgrùdadh san ath-sgrùdadh adhartais seo.

Dòigh-obrach a' cho-sgrùdaidh

Tha am modh-obrach airson nan sia lèirmheasan adhartais seo a' gabhail a-steach:

Mion-sgrùdadh air fianais taice ann an sgrìobhainnean agus aithris seasamh chuimsichte air a chur a-steach le gach com-pàirteachas. Tha an fhianais seo a' buntainn gu sònraichte ri raointean airson leasachadh a chaidh a chomharrachadh ann an aithisgean sgrùdaidh ìre 1.

A' leughadh sampall de chlàran slàinte, poilis, agus obair shòisealta aig inbheach a tha ann an cunnart bho chron. Leugh sinn clàran aig 20 inbheach ann an cunnart bho chron le slighe taic is dìon inbheach a chaidh air adhart gu rannsachadh le cumhachdan sgrùdaidh agus nas fhaide nas sin. Rinn sinn sgrùdadh cuideachd air clàran de 20 de na ceud rannsachaidhean, le agus às aonais cleachdadh cumhachdan sgrùdaidh, far nach robh an com-pàirteachas air gnìomh a bharrachd a ghabhail a thaobh gnìomhachd dìon inbheach seach na ciad rannsachaidhean.

Buidhnean fòcas luchd-obrach – Choinnich sinn ri 25 neach-obrach às na h-Eileanan

Siar gus beachdachadh air leasachaidhean a rinn iad air lìbhrigeadh prìomh phròiseas, agus ceannardas ro-innleachdail airson taic is dìon inbheach. Bha an luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach loidhne-aghaidh ioma-bhuidhneach, manaidsearan meadhanach, agus manaidsearan ro-innleachdail.

¹https://www.careinspectorate.com/images/Adult_Support_and_Protection/New_links/1_Definition_of_a_dult_protection_partnership.pdf

Comharran càileachd

Tha na comharran càileachd againn airson nan co-sgrùdaidhean sin air làrach-lìn Luchd-sgrùdaidh a' Chùrain.² Chleachd sinn na h-aon chomharran càileachd 's a chaidh a chleachdadh anns an sgrùdadh ìre 1.

Seo na teirmean àbhaisteach a chaidh a chleachdadh

airson sampall nan clàran a leugh sin:

Uile - 100%

Cha mhòr uile - 80% - 99%

A' mhòr-chuid – 60% - 79%

Beagan a bharrachd air an dàrna leth - 51% - 59%

Leth - 50%

Beagan nas lugha na an dàrna leth - 40% - 49%




Cuid - 20% - 39%

Beagan - 1% - 19%







Adhartas


Chaidh raointean prìomhachais airson leasachadh a chomharrachadh anns an sgrùdadh ìre 1. Gus adhartas a chomharrachadh, tha sinn air comharran saighead Dearg Orains is Uaine a chleachdadh. Anns a' bheachdachadh againn tha sinn air prionnsabalan modail RADAR (Results, Approach, Deployment, Assessment agus Refinement - Toraidhean, Dòigh-obrach, Cleachdadh, Measadh agus Grinneachadh) a chleachdadh, a chuidich sinn le bhith a' comharrachadh dè cho èifeachdach 's a bha dòigh-obrach leasachaidh nan com-pàirteachasan. Tha sinn a' mìneachadh na tha sinn a' ciallachadh le seo anns an iuchair gu h-ìosal.

²https://www.careinspectorate.com/images/Adult_Support_and_Protection/4_Adult_support_and_protection_-_quality_indicator_framework.pdf

	<p>Glè bheag de dh'adhartas</p>	<p>Tha glè bheag de leasachadh air a bhith ann. Chan eil dòigh-obrach a' chom-pàirteachais san fharsaingeachd a thaobh leasachadh coileanta no air a cur an gnìomh. Tha a chleachdadh is cur an gnìomh cuingealaichte. Chan eil e air leasachaidhean a leabachadh no tha iad fhathast aig ìre dealbhaidh. Cha bhi e a' sgaoileadh fios mu atharrachaidhean gu h-èifeachdach agus chan eil iad air an tuigsinn gu math le luchd-obrach. Cha bhi e a' measadh agus ag ath-sgrùdadh èifeachdas a' phròiseis leasachaidh aige.</p>
	<p>Adhartas gu ìre</p>	<p>Fianais gun robh leasachadh ann gu ìre. Tha dòigh-obrach a' chom-pàirteachais airson leasachadh cuibheasach. Tha mar a tha e a' cur an gnìomh agus a' cleachdadh nan leasachaidhean structaraichte. Tha e air tòiseachadh air leasachaidhean a leabachadh ann an cleachdadh. Bidh e a' sgaoileadh fios mu leasachaidhean gu ìre, agus tha tuigse reusanta aig luchd-obrach orra. Chan eil ach beagan dhòighean aige gus measadh agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh agus builean do dh'inbhich a tha ann an cunnart bho chron. Bidh e a' measadh agus a' dèanamh lèirmheas air a mhodh-obrach leasachaidh aige gu cunbhalach.</p>
	<p>Adhartas susbainteach</p>	<p>Leasachadh susbainteach. Tha dòigh-obrach a' chom-pàirteachais airson leasachadh coileanta agus leabaichte. Tha mar a tha e a' cur leasachaidhean an sàs air a structaradh agus air a chur an gnìomh gu math, agus tha seo èifeachdach. Bidh e a' sgaoileadh fios mu leasachaidhean gu brìghmhor, agus tha luchd-obrach gan tuigsinn gu h-iomlan. Tha ceumannan èifeachdach ann gus buaidh agus builean do dh'inbhich ann an cunnart bho chron a mheasadh agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air seo. Bidh e daonnan a' measadh is a' lìomhachadh a mhodh-obrach leasachaidh.</p>

Geàrr-chunntas air adhartas a rinneadh ann an Com-pàirteachas nan Eilean Siar

Raointean prìomhachais airson leasachadh bho ìre 1 san Dàmhair 2022	Adhartas	Toraidhean an ath-sgrùdaidh air adhartas san Dàmhair 2024
<p>1. Cha robh na modhan ioma-bhuidhneach airson taic is dìon inbheach a' gabhail a-steach a h-uile taobh de thaic is dìon inbheach no a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air na dleastanasan reachdail agus dìon aig gach buidheann.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>
<p>2. Cha robh lìbhrigeadh prìomh phròiseasan èifeachdach. Tha leasachadh susbainteach a dhìth air sgrùdadh, measadh chunnartan agus stiùireadh chunnartan gus taic agus dìon èifeachdach a thoirt do dh'inbhich a tha ann an cunnart bho chron.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>
<p>3. Bha lìbhrigeadh agus tar-shealladh air prìomh phròiseasan an urra ri buidheann bheag de luchd-obrach cus. Cha robh tar-shealladh agus leantainneachd gnìomhachais ath-leumach. Dh'fheumadh an com-pàirteachas slàinte is cùram sòisealta dèiligeadh ri seo.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>
<p>4. Cha robh inbhich ann an cunnart bho chron an sàs ann an taic agus dìon inbheach gnìomhach agus ro-innleachdail gu h-èifeachdach.</p>		<p>Rinneadh adhartas gu ìre</p>
<p>5. Bha dìth aithris is riaghladh ioma-bhuidhneach aig comataidh dìon nan inbheach agus aig buidheann nan àrd-oifigearan. Bheireadh leasachadh san raon cleachdaidh seo taic do lìbhrigeadh taic is dìon inbheach na b' èifeachdaiche.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>
<p>6. Feumaidh a h-uile buidheann/com-pàirtiche piseach a thoirt air mar a tha iad a' clàradh obair taic is dìon inbheach. Bha seo gu sònraichte fìor a thaobh obair shòisealta mar a' phrìomh bhuidheann.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>

7.	<p>Bhathar a' planadh sgrùdadh iomadh-buidhne gus taic a chumail ri obair leasachaidh. Bu chòir seo fios-air-ais bho inbhich le eòlas beatha, luchd-cùraim gun phàigheadh agus luchd-cleachdaidh loidhne-aghaidh a chur aig cridhe chùisean. Bu chòir toraidhean bhon sgrùdadh air obair shòisealta a chur an gnìomh mar phrìomhachas.</p>		<p>Rinneadh adhartas susbainteach</p>
<p>Adhartas susbainteach</p>	<p>Adhartas gu ìre</p>	<p>Glè bheag de dh'adhartas</p>	

Adhartas air prìomh raointean far a bheil leasachadh a dhìth

Raon prìomhachais airson leasachadh 1

Cha robh na modhan ioma-bhuidhneach airson taic is dìon inbheach a' gabhail a-steach a h-uile taobh de thaic is dìon inbheach no a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air na dleastanasan agus ullachaidhean reachdail aig gach buidheann.

Às dèidh a' cho-sgrùdadh air taic is dìon inbheach ann an 2023, rinn an com-pàirteachas ath-sgrùdadh air na modhan agus stiùireadh ioma-bhuidhneach aca a thaobh taic is dìon inbheach. Neartaich an dòigh-obrach cho-obrachail seo uallach coitcheann a h-uile com-pàirtiche a tha an sàs ann an obair taic is dìon inbheach. Bha na modhan-obrach agus an stiùireadh ath-sgrùdaichte air an sgrìobhadh gu soilleir, a' soilleireachadh dleastanasan slàinte, poilis, agus obair shòisealta, le clàran-ama soilleir airson nam prìomh phròiseasan. Bha iad sin ceangailte gu dlùth ris a' chòd-cleachdadh ath-sgrùdaichte (2022). Bha na modhan-obrach a' gabhail a-steach ceanglaichean dealanach a bha a' brosnachadh smaoineachadh air cùisean cudromach, leithid cleachdadh fiosraichte le trauma agus stiùireadh nàiseanta airson a h-uile prìomh chom-pàirtiche.

A bharrachd air seo, chuir an com-pàirteachas siostam clàraidh didseatach ùr an gnìomh airson obair shòisealta. An cois seo bha sreath de theamplaidean clàraidh air an dealbhadh às ùr a tha a rèir nam modhan-obrach ùraichte. Leasaich seo agus thug seo taic do luchd-obrach sa chleachdadh làitheil aca.

Dh'aithris luchd-obrach gun robh na h-atharrachaidhean sin a' toirt taic dhan chleachdadh aca agus gun robhar a' cur fàilte orra. Chùm an com-pàirteachas sùil air deagh bhuidheann nam modhan-obrach le bhith gan cur air clàr-gnothaich comataidh dìon nan inbheach (APC). Chaidh ath-sgrùdadh leantainneach a dhèanamh air a' phlana leasachaidh aca agus chuir an com-pàirteachas atharrachaidhean an gnìomh anns na modhan-obrach gus dèanamh cinnteach gun robh iad iomchaidh.

Lorg sinn **adhartas subsainteach** leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh. Dh'ùraich an com-pàirteachas modhan-obrach taic is dìon inbheach agus chuir iad an gnìomh iad. Dhaingnich siostam clàraidh didseatach ùr agus sreath de theamplaidean an dòigh-obrach, rud a mhol an luchd-obrach. Bha fèin-mheasadh a' chom-pàirteachais fhèin fàbharach agus cho-dhùin e gun do lean a h-uile prìomh chom-pàirtiche (slàinte, poileas, agus obair shòisealta) na modhan ioma-bhuidhneach gu h-èifeachdach. Dh'aithnich sinn an toradh seo san leirmheas againn air adhartas.

Raon prìomhachais airson leasachadh 2

Cha robh libhrigeadh prìomh phròiseasan èifeachdach. Tha leasachadh susbainteach a dhìth air sgrùdadh, measadh chunnartan agus stiùireadh chunnartan gus taic agus dìon èifeachdach a thoirt do dh'ìnbhich a tha ann an cunnart bho chron.

Rannsachaidhean Tùsail

Às dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh, bha barrachd tar-churan taic is dìon inbheach air a bhith ann. Ged a bha cuideam a bharrachd ann, chleachd agus chlàraich gach rannsachadh an slat-tomhais trì puingeach. Seall iad cha mhòr uile gun robh conaltradh èifeachdach ann le com-pàirtichean agus tar-shealladh ann le luchd-stiùiridh. Ràinig cha mhòr a h-uile rannsachadh tùsail an ìre iomchaidh sa phròiseas taic is dìon inbheach. Chaidh càileachd a' mhòr-chuid de na rannsachaidhean tùsail a mheasadh *math no nas fheàrr*, co-chòrdail ris a' mheasadh ann an 2023. Chaidh a' mhòr-chuid de na rannsachaidhean tùsail a choileanadh gu luath. Cha deach innse ach do bheagan inbheach gun robh iad fo ùmhlachd taic agus dìon inbheach. Bha feum air leasachadh san raon cleachdaidh seo.

Thuir luchd-obrach gun robh iad a' faighinn deagh thaic agus gun robh iad a' tuigsinn a' phròiseas rannsachaidh gu math. Chaidh riaghladh agus stiùireadh a neartachadh leis a' bhuidhinn tar-chuir ioma-bhuidhneach thùsail (*initial referral group* - IRG). Choinnich com-pàirtichean gach seachdain gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air co-dhùnaidhean, a' dèanamh cinnteach gun robh gach ceist air a mheasadh gu làidir agus gun do rinneadh an co-dhùnadh ceart. Chaidh coinneamhan a chlàradh gu ceart, agus chaidh co-dhùnaidhean a chlàradh gu cunbhalach ann an clàr nan inbheach.

Bha modhan-obrach ioma-bhuidhneach ath-sgrùdaichte a' chom-pàirteachais air an deagh dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun rachadh rannsachadh a thòiseachadh gach turas, a' cleachdadh cumhachdan sgrùdaidh far an robh feum air seo. Bha barrachd cunbhalachd ann an cleachdadh mar thoradh air teamplaidean clàraidh didseatach ùra le brodaidhean èigneachail.

Clàran-ama

Bha clàr-ama anns a h-uile clàr agus tha seo ri mholadh. B' e adhartas mòr a bha seo bhon sgrùdadh againn ann an 2023 far nach robh clàr-ama ann an clàr sam bith. Bhon uair sin, bha an com-pàirteachas air teamplaid cuideachail fa leth a chruthachadh san t-siostam clàraidh didseatach ùr.

Tha e math gun deach chaidh an teamplaid seo a chleachdadh bhon tar-chur thùsail air adhart, a' cruthachadh bunait èifeachdach airson cleachdadh taic is dìon inbheach.

Ach, chaidh clàr-ama eadar-dhealaichte a chleachdadh airson measadh leantainneach air cunnart. Bha barrachd obrach a dhìth air an teamplaid seo. Bha e ro-chudromach gum biodh adhbhar gach clàr-ama air a shoilleireachadh gus dèanamh cinnteach gun robh adhbhar sònraichte ann airson gach fear, gus dèanamh cinnteach nach biodh dùblachadh ann agus gus cuideachadh le dèanamh cho-dhùnaidhean. Bhathar fhathast ag obair air na teamplaidean ùra, agus bha an com-pàirteachas an dùil dèiligeadh ri

seo. San fharsaingeachd, bha an ìre càileachd fhathast lag agus bha e na raon far an robh barrachd leasachaidh a dhìth.

Bha factaran coitcheann ann a thug buaidh air càileachd nan clàran-ama. Mar eisimpleir, ged a bha an teampaid fa leth airson clàr-ama a' clàradh fiosrachadh tar-chuir a thaobh taic is dìon inbheach sa mhòr-chuid, bu chòir barrachd fòcais a bhith air eachdraidh nan draghan a thaobh dìon agus a bhith a rèir nan tachartasan beatha aig an inbheach anns gach tar-chur.

Rannsachaidhean

Chaidh rannsachadh a choileanadh airson a h-uile inbheach ann an cunnart bho chron. Dhearbh cha mhòr a h-uile sgrùdadh gu h-èifeachdach gun robh an t-inbheach ann an cunnart bho chron, le dàrna neach-obrach daonna air an cleachdadh a' gabhail a-steach luchd-obrach slàinte far an robh sin iomchaidh. Sheall clàran fianais gu cunbhalach gun robh obair com-pàirteachais èifeachdach ann agus sheall cha mhòr na h-uile clàr gun robh tar-shealladh luchd-stiùiridh ann. Gu dearbha, bha càileachd cha mhòr a h-uile sgrùdadh *math no nas fheàrr* agus chaidh iad uile air adhart gu co-labhairtean cùise far an robh seo a dhìth. Tha e ri mholadh gur e adhartas mòr a tha seo bhon sgrùdadh mu dheireadh ann an 2023 far nach deach a' chàileachd ach aig cuid de sgrùdaidhean a mheas *math no nas fheàrr*. Bha feartan èigneachail ùra leabaichte ann an dòighean-obrach an t-siostaim clàraidh a neartaich càileachd, tar-shealladh an luchd-stiùiridh agus dèanamh cho-dhùnaidhean ioma-bhuidhneach.

Chaidh a' mhòr-chuid de sgrùdaidhean a dhèanamh gu sgiobalta. Ann am beagan shuidheachaidhean thug dà phrìomh adhbhar buaidh air clàran-ama a' gabhail a-steach cothrom air luchd-obrach agus dùbhlain cruinn-eòlasach a thaobh libhrigeadh sheirbheisean dìon ann an sgìrean iomallach agus dùthchail.

Measadh chunnartan

Bha measadh cunnairt anns a h-uile clàr de dh'inbhich ann an cunnart bho chron. Chaidh iad cha mhòr uile a chumail ann an deagh àm agus bha iad a rèir feumalachdan nan inbheach a tha ann an cunnart bho chron.

Bha iad cha mhòr uile air fiosrachadh le, agus a' gabhail a-steach, beachdan chom-pàirtichean ioma-bhuidhneach agus chaidh am measadh *math no nas fheàrr*. Bha leasachadh mòr air tighinn air an raon ro-chudromach seo de dh'obair taic is dìon inbheach. Ann an 2023, cha robh measadh cunnairt ach aig beagan nas lugha na an dàrna leth de inbhich ann an cunnart bho chron agus cha deach ach beagan mheasaidhean cunnairt a mheasadh *math no nas fheàrr*.

Bhon sgrùdadh mu dheireadh ann an 2023, chuir an com-pàirteachas teampaid measadh chunnartan ùr an gnìomh a tha a' gabhail a-steach clàr-ama. Gus taic a chumail ris na h-atharrachaidhean, chuir an com-pàirteachas trèanadh do luchd-obrach, bùth-obrach taic is dìon inbheach agus trèanadh measadh chunnartan an gnìomh. Cho-obrachaidh manaidsèaran obrachaidh gu h-èifeachdach le luchd-obrach gus cunnartan a chomharrachadh agus a riaghladh tron phròiseas measaidh. Thug an dà dhòigh-obrach deagh bhuidhe air na leasachaidhean a chunnaic sinn. Bha misneachd luchd-obrach ann a bhith a' làimhseachadh agus a' clàradh chunnartan airson inbhich ann an cunnart bho chron air fhàs. Luathaichidh barrachd obrach air teampaid clàr-ama a' mheasaidh cunnairt an t-adhartas seo.

Planaichean dìona

Bha plana dìon ùraichte aig cha mhòr a h-uile inbheach a bha ann an cunnart bho chron. Chomharraich a' mhòr-chuid de phlanaichean dìon gu soilleir na bha na com-pàirtichean ioma-bhuidhneach air dèanamh, leis a' chàileachd anns cha mhòr a h-uile fear dhiubh air am measadh *math* no *nas fheàrr*. Ann an 2023, cha robh ach beagan chlàran inbheach a' gabhail a-steach plana dìon agus chaidh iad uile a mheas *lag*.

Chuir an com-pàirteachas teamplaid ùr an gnìomh airson planaichean dìon a bha a' gabhail a-steach planadh èiginn airson suidheachaidhean èiginn. Bha an teamplaid soilleir is farsaing, a' toirt deagh bhrosnachaidhean dhan luchd-obrach, agus a' chumail taic ri clàradh ceart. Bha an teamplaid seo air a dheagh dhealbh agus bha e a' dol gu math leis na dòighean-obrach agus an stiùireadh ùr. Bha na h-atharrachaidhean sin, cho math ris an stiùireadh ioma-bhuidhneach, air piseach a thoirt air cunbhalachd agus càileachd nam planaichean dìon.

Thug buileachadh an t-siostam clàraidh didseatach agus na teamplaidean clàraidh deagh buaidh air pongalachd agus càileachd nam measaidhean cunnairt. Ghabh an com-pàirteachas ris nach robh na beachdan seo daonnan soilleir anns na teamplaidean seo. Bha iad air rùnachadh piseach a thoirt air na teamplaidean le bhith a' cur a-steach beachdan an inbhich gu soilleir ann an ùrachaidhean san àm ri teachd.

Co-labhairtean cùise

Às dèidh an sgrùdadh mu dheireadh, bha àireamh nan co-labhairtean cùise a chaidh a ghairm air fàs gu mòr. Chaidh cuireadh a thoirt do na h-inbhich uile a bha ann an cunnart bho chron tighinn chun na cho-labhairt cùise aca agus bha na h-adhbharan airson neo-làthaireachd air an clàradh gu soilleir anns na geàrr-chunntasan. Tha seo ri moladh. Bha làthaireachd riochdairean a chaidh a chur an dreuchd às leth an inbhich air clàradh gu math cuideachd. Bha càileachd cha mhòr a h-uile co-labhairt cùise *math* no *nas fheàrr*. Chaidh a' mhòr-chuid de cho-labhairtean cùise a chumail a rèir feumalachdan nan inbheach a tha ann an cunnart bho chron. Chomharraich an sgrùdadh adhartais gun deach an suidheachadh aig cha mhòr a h-uile inbheach a leasachadh mar thoradh air taic is dìon inbheach. B' e seo raon eile far an robh adhartas ann bhon sgrùdadh ann an 2023.

Mar thoradh air atharrachadh modh-obrach, bhiodh co-labhairt cùisean daonnan ann airson a h-uile rannsachadh a rinneadh a' cleachdadh cumhachdan sgrùdadh. Bha co-labhairtean cùise làidir agus air an dealbhadh gus dèanamh cinnteach gun deach ath-sgrùdadh a dhèanamh air a h-uile co-dhùnadh agus cleachdadh ann am fòram co-dhùnaidh ioma-bhuidhneach. Chaidh cuireadh a thoirt do chom-pàirtichean slàinte agus poileis daonnan agus mar thoradh air seo tha piseach air tighinn air làithreachd slàinte agus poilis aig co-labhairtean cùise. Thug am pròiseas seo piseach air an fhreagairt choitcheann a thaobh dèanamh cho-dhùnaidhean, a' dèanamh cinnteach gun robh an t-inbheach ann an cunnart sàbhailte bho chron. A bharrachd air seo, bha a' cho-labhairt cùise a' cuimseachadh air com-pàirteachadh an inbhich sa phròiseas. Rinn iad cinnteach gu cunbhalach gun deach na beachdan aca a ghlacadh, a chlàradh, agus gun deach beachdachadh orra tron phròiseas co-dhùnaidh.

Bha an com-pàirteachas a' dèanamh ath-sgrùdadh air an fheart èigneachail a bhiodh a'

cur air dòigh co-labhairtean cùise. Bha iad a' cruinneachadh fianais gus co-dhùnadh an robh eadar-theachd na bu thràithe a' fàgail nach robh feum air a bhith an sàs ann an obair taic is dìon inbheach cho fada. Bha an com-pàirteachas ag amas air dèanamh cinnteach gum biodh atharrachaidhean a' brosnachadh deagh chleachdadh agus a' cothromachadh stiùireadh cunnairt èifeachdach leis an roghainn do dh'ìnbhich ann an cunnart cron leis an ìre as lugha de chuingealachadh.

Chaidh cha mhòr a h-uile co-labhairt ath-sgrùdadh cùise a thaobh taic is dìon inbheach a chumail nuair a bha feum air seo, leudachadh mòr bhon sgrùdadh ann an 2023. Chaidh a h-uile co-labhairt ath-sgrùdadh cùis a chaidh a ghairm a chumail. Cho-dhùin cha mhòr a h-uile co-labhairt ath-sgrùdadh cùise gu h-èifeachdach air gnìomhan gus an t-inbheach a chumail sàbhailte.

Lorg sinn **adhartas subsainteach** leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh. Dhèiligeadh an com-pàirteachas gu h-èifeachdach ri prìomhachas sgrùdadh 2023 gu h-èifeachdach. Thug dòighean-obrach ùra agus siostam clàraidh didseatach piseach air tar-sealladh ioma-bhuidhneach Chruthaich mar a bha luchd-obrach a' cumail ris na dòighean-obrach seo siostam nas èifeachdaiche, nas soilleire agus nas fhreagairtiche airson a bhith a' cumail taic ri agus a' dìon inbheach a bh' ann an cron bho chunnart. Bha e follaiseach gun robh an dà chuid càileachd agus cunbhalachd ann an cleachdadh air a dhol am feabhas. Tha leasachadh leantainneach ann an càileachd nan clàran-ama na raon a bha an com-pàirteachas air a chomharrachadh agus air an robh iad ag obair gu gnìomhach.

Raon prìomhachais airson leasachadh 3

Bha libhrigeadh agus tar-shealladh air prìomh phròiseasan an urra ri buidheann bheag de luchd-obrach cus. Cha robh tar-shealladh agus leantainneachd gnìomhachais ath-leumach. Dh'fheumadh an com-pàirteachas slàinte is cùram sòisealta dèiligeadh ri seo.

Ann an clàran nan inbheach a tha ann an cunnart bho chron, chunnaic sinn fianais gun robh stiùireadh riaghlaidh èifeachdach ann anns cha mhòr a h-uile clàr obair shòisealta airson nan inbheach a bha ann an cunnart bho chron. Sheall seo gun robh adhartas subsainteach air a bhith ann bhon sgrùdadh mu dheireadh ann an 2023. Chuir atharrachaidhean èifeachdach a' chom-pàirteachais air teamplaidean clàraidh ri ath-leumachd obrachaidh agus rinn iad cinnteach gum biodh dòigh-obrach nas cunbhalaiche ann. Chaidh na modhan-obrach agus an stiùireadh ioma-bhuidhneach ùraichte a chur an gnìomh gu h-iomlan agus bhrosnaich iad co-obrachadh nas treasa am measg prìomh chom-pàirtichean.

Thàinig na prìomh com-pàirtichean a tha an sàs ann an taic agus dìon inbheach ri chèile gus leasachadh fhaighinn. Neartaich iad an dòigh-obrach aca le bhith a conaltradh agus a' co-obrachadh na b' èifeachdaiche ann a bhith ag ath-sgrùdadh agus a' cur an gnìomh nan dòighean-obrach ùra. Bha na com-pàirtichean uile an sàs ann an co-dhèanamh cho-dhùnaidhean aig gach ìre, a' dèanamh cinnteach gun deach a h-uile gnìomh a choileanadh. Chunnaic sinn fianais air seo ann an rannsachadh, co-labhairtean cùise agus gnìomhan a thaobh planadh dìon.

Dh'ath-shuidhich an com-pàirteachas dreuchd a' phrìomh oifigeir taic is dìon inbheach, lìon e prìomh dhreuchd taic dìon inbheach a bha bàn o chionn fhada agus chur e ri taic gnìomhachais. Neartaich na goireasan àrdaichte seo, agus chuir iad ris, a' chomas aig

rèiteachaidhean tar-seallaidh. Chuir na teamplaidean clàraidh ùra a tha leabaichte san t-siostam clàraidh didseatach casgan agus cothroman riatanach ann a bhrosnaich tar-shealladh luchd-stiùiridh èifeachdach. Thug seo piseach air clàradh agus sgrìobhainnean. Bha stiùireadh air a chleachdadh a dh'aona ghnothach gus meòrachadh air cleachdadh agus chaidh leasachadh leantainneach a bhrosnachadh le bhith a' cumail coinneamhan taic is dìon inbheach gach mìos gus beachdachadh air cùisean a bha a' tighinn am bàrr.

Às dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh, neartaich an chom-pàirteachas coinneamhan ioma-bhuidhneach seachdaineil anns a bheil na poilis, slàinte agus obair shòisealta an sàs. Thug seo piseach air co-obrachadh agus tar-shealladh aig ìrean tràtha de cho-dhùnaidhean. Rinn aon choinneamh, air a stiùireadh leis na poilis, ath-sgrùdadh air tar-churan inbheach airson na seachdain sin a bha air tighinn bho dhraghan a nochd san stòr-dàta eadar-amail airson dhaoine so-leònte (*interim vulnerable person database - iVPD*). Dhèilig a' bhuidheann tar-chuir obair shòisealta seachdaineil (IRG) ris na rannsachaidhean tùsail far nach robh feum air gnìomh a bharrachd. Rinn an dòigh-obrach cho-obrachail seo cinnteach gum dèanadh na prìomh chom-pàirtichean uile cinnteach gum biodh co-dhùnaidhean iomchaidh agus gun robh an t-aonta mu dheireadh ann bhon bhuidhinn.

Chaidh na co-dhùnaidhean a chlàradh agus a dhearbhadh anns na clàran.

Chaidh NHS Eileanan Siar air ath-mhodaileadh gus seirbheis dìon phoblach a bhith aca. Tha seo na phuing inntigridh shingilte do luchd-obrach slàinte gus taic is stiùireadh fhaighinn a thaobh taic is dìon inbheach. Thug na pròiseasan agus modhan-obrach ioma-bhuidhneach ùra deagh bhuaidh air mar a bha an t-seirbheis a' stiùireadh obair taic is dìon inbheach. Thug na h-atharrachaidhean sin piseach air mar a bhathar a' riaghladh obair taic is dìon inbheach.

Bha piseach air thighinn air misneachd an luchd-obrach ann an dòigh-obrach a' chom-pàirteachais a thaobh obair taic is dìon inbheach bhon sgrùdadh mu dheireadh. Thuir luchd-obrach gun robh manaidsearan furasta bruidhinn riutha, taiceil, agus ruigsinneach, le dòigh-obrach mheasgaichte a thaobh obair oifise agus obair dhidseatach a' dèanamh cinnteach gun robh taic gu leòr ann dhan luchd-obrach air fad ann an sgìrean iomallach agus dùthchail.

Lorg sinn adhartas susbainteach leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh. Rinn ceannardan ro-innleachdail ath-chuimseachadh gu h-èifeachdach agus bha comas a bharrachd air ceannardan agus chaidh dleastanasan a sgaoileadh ann an dòigh nas cothromaiche thar an luchd-stiùiridh uile. Bhrosnaich tar-sealladh luchd-stiùiridh nas fheàrr dòigh-obrach cho-roinnte a thaobh co-dhùnaidhean. Chaidh fòraman ioma-bhuidhneach làidir a neartachadh gus taic a thoirt do luchd-obrach agus gus dèanamh cinnteach gum biodh lìbhrigeadh seirbheis cunbhalach ann. Bha prògraman trèanaidh a' cumail taic ris an atharrachadh, agus bha sgioba sùbailte an sàs gus grunn dhleastanasan agus ullachaidhean a chòmhdach air bunait 'mar a dh'fheumar'.

[Raon prìomhachais airson leasachadh 4](#)

[Bha inbhich ann an cunnart bho chron an sàs ann an taic agus dìon inbheach gnìomhach agus ro-innleachdail gu neo-èifeachdach.](#)

Chaidh modhan-obrach agus teamplaidean ùra a dhealbh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun deach co-chomhairle a chumail ri inbhich a bha ann an cunnart bho chron tron t-slighe air fad aca. Chruthaich seo deagh chothroman do dh'inbhich com-pàirteachadh ann am pròiseasan co-dhùnaidh agus rinn e cinnteach gun robhar a' cluinntinn nan guthan aca agus a' cur luach annta. Gu brosnachail, bha e èigneachail gum biodh tairgse air tagradh airson gach inbheach san teamplaid airson rannsachaidhean.

Ann an 2023, sheall beagan a bharrachd air an dàrna leth de chlàran aig inbhich a bha ann an cunnart bho chron fianais gun robh daoine a' faighinn taic tron t-slighe dìon inbheach aca, le dìreach cuid den taic seo air a mheasadh *math* no *nas fheàrr*. Ann an 2024, bha cha mhòr a h-uile clàr a' sealltainn gun robh taic *mhath* no taic *nas fheàrr* ann. A bharrachd air seo, bha adhartas follaiseach ann an sàbhailteachd agus dìon inbhich ann an cunnart bho chron anns cha mhòr a h-uile clàr a chaidh a leughadh san sgrùdadh adhartais

Bha beachdan fàbharach aig an dà chuid luchd-obrach agus seirbheisean tagraidh mun ìre conaltraidh le inbhich agus leis an taic a chaidh a thoirt seachad. Thug luchd-obrach fa-near gun robh atharrachadh cultarach cudromach air a bhith anns an dòigh-obrach com-pàirteachais a thaobh a bhith a' sireadh eòlas beatha air taic is dìon inbheach bhon sgrùdadh mu dheireadh.

Bha an com-pàirteachas air ceisteachan a thoirt a-steach o chionn ghoirid airson inbhich ann an cunnart bho cron le eòlas beatha. Chaidh seo a chleachdadh gus ath-sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air na modhan obrachaidh agus an stiùireadh aca. Bha iad an dùil seo a chleachdadh barrachd agus gus aithris a dhèanamh dà uair sa bhliadhna do chomataidh dìon nan inbheach. Bha an iomairt seo ùr agus cha deach a leabachadh gu tur fhathast.

Às dèidh an sgrùdadh mu dheireadh, chaidh neach-gairm neo-eisimeileach ùr fhadthad air comataidh dìon nan inbheach (APC). Dh'aithnich an dà chuid an seann neach-gairm agus an luchd-gairm neo-eisimeileach ùr aig comataidh dìon nan inbheach na dùbhlain a bhith a' ceangal beachdan inbhich ri atharrachadh ro-innleachdail agus gnìomhachd leasachaidh nas fharsainge ann an dìon is leasachadh inbheach. Bha com-pàirteachadh inbhich le eòlas beatha doirbh a choileanadh ann an obair APC mar thoradh air dùbhlain a thaobh prìobhaideachd agus ceistean co-cheangailte ri dùthchalachd.

Bha riochdaire air Comataidh Dìon nan Inbheach bhon fhòram cùram coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gum biodh guthan coimhearsnachd air an cluinntinn. Dh'fheumadh iad a bhith nas soilleire agus gu sònraichte a bhith a' gabhail a-steach guth eòlas beatha an luchd-cùraim ann an taic is dìon inbheach. Bha beachd gu math fàbharach aig a' chom-pàirteachas mun cheangal ùraichte le seirbheis tagraidh neo-eisimeileach, a dh'amalaich iad gus taic a chumail ri, agus gus leasachadh a thoirt air pròiseasan fios-air-ais do dh'inbhich.

Uile gu lèir, bha an com-pàirteachas dealasach a thaobh a bhith ag àrdachadh ìomhaigh taic agus dìon inbheach sa choimhearsnachd. Bha iad ag aithneachadh iad gun robh feum air ro-innleachdan eile gus dèanamh cinnteach gum biodh buaidh aig iomairtean air co-dhùnaidhean ro-innleachdail. Seall seo cho cudromach 's a tha e dhaibh cumail orra ag ùrachadh na dòigh-obrach aca agus gus dòighean a bharrachd a

shireadh gus na lèirsinnean ro-chudromach sin a thoirt a-steach gu h-èifeachdach.

Lorg sinn **adhartas gu ìre** san raon prìomhachais seo airson leasachadh Gu h-obrachail, bha an com-pàirteachas air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' sireadh bheachdan aig inbhich le eòlas beatha agus a' gabhail fios air ais le bhith a' toirt a-steach ceisteachan a bha air a dheagh dhealbhadh. Chruinnich seo beachdan inbhich a bha ann an cunnart bho chron gu h-èifeachdach, agus rinn e cinnteach gun deach an guthan a chluinntinn agus gun deach beachdachadh orra tron phròiseas. Bha com-pàirteachadh ro-innleachdail agus fios-air-ais aig ìre thràth agus bha feum air barrachd obair leasachaidh. A dh'aindeoin nan dùbhlann bha an com-pàirteachas gu mòr airson a bhith a' cruthachadh chothroman airson inbhich a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean ro-innleachdail.

Raon prìomhachais airson leasachadh 5

Bha dìth aithris is riaghladh ioma-bhuidhneach aig comataidh dìon nan inbheach agus aig buidheann nan àrd-oifigearan. Bheireadh leasachadh san raon cleachdaidh seo taic do libhrigeadh taic is dìon inbheach na èifeachdaiche.

Às dèidh sgrùdadh 2023, ghabh an com-pàirteachas ceumannan gus cur ri co-obrachadh ioma-bhuidhneach agus gus am frèam riaghlaidh aca a neartachadh. Ged a bha droch ionnsaigh saidhbear ann, bha deagh fhreagairt aca agus dh'ùraich iad na dòighean obrach a tha riatanach gus seirbheisean taic is dìon inbheach a thoirt seachad. Thug iad prìomhachas do ghòireasan taic is dìon inbheach a bharrachd air gnìomhan leasachaidh. Nuair a bha dàil air a bhith a' lìonadh obraichean, ghabh manaidsearan ro-innleachdail ri dleasan a bharrachd, agus chuir iad prìomhachas air adhartas air a' phlana taic is dìon inbheach.

Neartaich buidheann nan àrd-oifigearan (COG) agus comataidh dìon nan inbheach (APC) an dòigh-obrach aca le bhith a' coimhead a-rithist air na cumhachan iomraidh agus ballrachd aca gus dèanamh cinnteach gum biodh riochdachadh ioma-bhuidhneach iomchaidh ann. Chaidh clàran làithreachd a chur an gnìomh gus sùil a chumail air com-pàirteachadh. Chuir na ceumannan sin ri co-obrachadh, dèanamh cho-dhùnaidhean agus ceumannan riaghlaidh san fharsaingeachd. Leis gun robh ìre de riochdachadh sa chumantas aig COG agus APC bha seo a' cuideachadh gus clàran-gnothaich tar-ghearrach a chruthachadh agus airson conaltradh nas fheàrr eadar prìomh bhuidhnean taic is dìon inbheach.

Dh'aontaich buidheann nan àrd-oifigearan teampaid aithris fhoirmeil bho chionn ghoirid le structar ùr a neartaich mar a tha iad a' toirt seachad fianais air sgrùdadh. Bha an neach-gairm neo-eisimeileach ùr-fhastach air a' chomataidh dìon inbheach cuideachd mar chathraiche neo-eisimeileach air comataidh dìon na cloinne (CPC). Choinnich am prìomh oifigear obair shòisealta agus ceannardan seirbheis gach mìos agus thug iad fios-air-ais dhan COG.

Chuir an APC ri tricead nan coinneamhan gus sùil a chumail air a' phlana leasachaidh aca agus gus dèiligeadh ri cùisean nas luaithe. Mar thoradh air sin, thàinig piseach air ionnsachadh is leasachadh agus air fo-bhuidhnean barantachaidh càileachd nan inbheach. Bha riochdachadh ioma-bhuidhneach aig gach tè, cumhachan iomraidh agus structar choinneamhan ath-sgrùdaichte, gus dèanamh cinnteach gu bheil builean cuimsichte agus buannachdail. Chaidh mion-sgrùdadh dàta nas fheàrr a chruthachadh

tron sgrùdadh ioma-bhuidhneach a rinneadh o chionn ghoirid. Dhearbhaich seo gun robh modhan-obrach ùra gan cleachdadh gu math agus gun robhar a' cumail inbhich ann an cunnart bho chron sàbhailte san fharsaingeachd. Dhaingnich na toraidhean èifeachdas nan ro-innleachdan a bha an gnìomh agus bha iad cuideachd a' comharrachadh raointean leasachaidh eile, agus chaidh na toraidhean seo a cho-roinn leis an APC agus COG,

Bha com-pàirtichean slàinte an sàs nas gnìomhaiche anns gach taobh de dh'obair taic is dìon inbheach. Bha an aithisg bhliadhna air dìon a' phobaill ceangailte ri frèam cunntachalachd is barantas dìon poblach an NHS. Bha e follaiseach gun robh riochdachadh aig slàinte agus aig a' poileas anns gach taobh den obair taic is dìon inbheach.

Às dèidh an sgrùdadh mu dheireadh, bha an com-pàirteachas air siostam clàraidh ùr a chur an gnìomh, a thug piseach air phongalachd dàta agus structaran aithris. Thug an leasachadh seo piseach air aithriseadh, dèanamh cho-dhùnaidhean agus tar-shealladh ro-innleachdail airson inbhich a th' ann an cunnart bho chron.

Lorg sinn **adhartas susbainteach** leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh A dh'aindeoin droch ionnsaigh saidhbear, shoirbhich leis a' chom-pàirteachas structar comataidh dìon inbheach agus fo-chomataidh ùraichte a chur an gnìomh. Neartaich seo riaghladh agus obair ioma-bhuidhneach. Bha an structar ceangailte gu math ri raointean eile de dh'obair dìon a' phobaill. Bha pongalachd nan aithisgean air fàs nas fheàrr, agus bha iad gan cleachdadh gu h-èifeachdach gus atharrachadh luath agus obair leasachaidh a thoirt air adhart.

Raon prìomhachais airson leasachadh 6

Feumaidh a h-uile buidheann/com-pàirtiche piseach a thoirt air mar a tha iad a' clàradh aca obair taic is dìon inbheach. Bha seo gu sònraichte fìor a thaobh obair shòisealta mar a' phrìomh bhuidheann.

Bha càileachd a' chlàraidh a thaobh clàran inbheach air leasachadh gu susbainteach agus tha seo ri mholadh. Ann an 2023, cha robhar a' cumail suas càileachd an fhiosrachaidh a chaidh a chlàradh gu leòr. Anns an ath-sgrùdadh againn air adhartas fhuair sinn a-mach gun robh càileachd an fhiosrachaidh a chaidh a chlàradh *math* no *nas fheàrr* airson cha mhòr a h-uile clàr. A-rithist ann an 2023, bha an tar-shealladh luchd-stiùiridh ann am beagan nas lugha na an dàrna leth de chlàran inbheach. Ann an 2024 bha tar-shealladh luchd-stiùiridh follaiseach anns cha mhòr a h-uile clàr, le nòtaichean stiùiridh agus dearbhadh càileachd air feadh nan sgrìobhainnean a' sealltainn gun robh sgrùdadh mionaideach ann. Bha an comas gus co-dhùnaidhean a leantainn gu ceart a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chlàradh san t-siostam obair shòisealta air a thighinn air adhart gu susbainteach.

Bha e soilleir gun do chuir tar-shealladh luchd-stiùiridh ri càileachd iomlan nan clàran obair shòisealta.

Ann an 2023, chuir proifeiseantaich slàinte ri builean nas fheàrr ann an nas lugha na an dàrna leth de na clàran. Ann an 2024, bha an obair aca air cur ri builean nas fheàrr anns cha mhòr a h-uile clàr. Thàinig piseach susbainteach cuideachd air càileachd agus cunbhalachd chlàran slàinte nan inbheach. Chaidh càileachd clàradh obair taic is

dìon inbheach a mheasadh *math* no *nas fheàrr* anns a' mhòr-chuid de chlàran ann an 2023, agus cha mhòr a h-uile clàr ann an 2024. Chaidh co-roinn fiosrachaidh agus co-obrachadh ann an clàran slàinte a mheasadh *math* no *nas fheàrr* ann am beagan nas lugha na an dàrna leth de na clàran inbheach, agus anns cha mhòr a h-uile clàr ann an 2024.

Bha càileachd an fhiosrachaidh a chaidh a chlàradh anns cha mhòr a h-uile clàr poilis air a mheas *math* no *nas fheàrr*, le clàran uile a' phoilis a' clàradh miannan is faireachdainnean an inbhich. Eadar 2023 agus an t-ath ath-sgrùdadh againn air adhartas bha càileachd clàran a' phoilis àrd. Bha cha mhòr a h-uile clàr a' dearbhadh gun robh tar-shealladh luchd-stiùiridh ann agus chaidh am measadh *math* no *nas fheàrr*. Chaidh cha mhòr a h-uile dragh mu dhìon inbheach a cho-roinn gu luath. Bha feum air leasachadh air càileachd ann an clàradh ghnìomhan nan oifigearan ann an hub nan draghan. Ann an 2023, chaidh cha mhòr a h-uile clàr a mheas *math* no *nas fheàrr*, ach ro 2024, thuit a' chàileachd seo gu beagan nas lugha na an dàrna leth de chlàran a' phoilis.

Uile gu lèir, air feadh nam buidhnean com-pàirteachais bha clàran inbheach na bu mhionaidiche agus na bu choileanta na bha iad aig àm an sgrùdaidh ann an 2023. Bha soilleireachd nas fheàrr ann agus mar thoradh air seo bha e na b' fhasa an t-adhbhar airson co-dhùnaidhean a thuigsinn. Rinn an siostam clàraidh obair shòisealta didseatach ùr cinnteach gum biodh cur a-steach, stòradh agus lorg dàta na b' fheàrr ann, a' toirt cothrom do luchd-obrach clàran nas pongaile a chumail. Chuir seiseanan stiùiridh cunbhalach ri càileachd agus cunbhalachd chleachdaidhean clàraidh. Thug an com-pàirteachas sùil air sampall air thuaiream de chlàran aig inbhich agus dh'aithris iad mu bhith a' neartachadh tar-shealladh le luchd-stiùiridh.

Lorg sinn **adhartas subsainteach** leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh. Chuir iomairtean a' chom-pàirteachais ri càileachd clàraidh agus stèidhich iad seo dòigh-obrach aonaichte a thaobh taic is dìon inbheach. Chuir iad prògraman trèanaidh èifeachdach an gnìomh do luchd-obrach; teampaidean agus modhan clàraidh standardach; agus thug iad a-steach gnìomhachd sgrùdaidh ioma-bhuidhneach. Chuir na ceumannan sin gu subsainteach ri càileachd a' chlàraidh agus chruthaich iad pròiseas clàraidh nas cunbhalache.

Raon prìomhachais airson leasachadh 7

Bhathar a' planadh sgrùdadh ioma-bhuidhneach gus taic a chumail ri obair leasachaidh. Bu chòir seo fios-air-ais bho inbhich le eòlas beatha, luchd-cùraim gun phàigheadh agus luchd-cleachdaidh loidhne-aghaidh a chur aig cridhe chùisean. Bu chòir toraidhean bhon sgrùdadh air obair shòisealta a chur an gnìomh mar phrìomhachas.

Chruthaich agus dh'ùraich an com-pàirteachas am plana leasachaidh taic is dìon inbheach gu cunbhalach gus dèiligeadh ris na raointean leasachaidh air fad a chaidh a chomharrachadh. Rinn neach-gairm neo-eisimeileach comataidh dìon nan inbheach (APC) a chaidh fhasadh o chionn ghoirid ath-sgrùdadh air ballrachd nam fo-bhuidhnean agus am prìomhachasan. Chuir an fho-bhuidheann barantais càileachd ioma-bhuidhneach air dòigh agus rinn i sgrùdadh ioma-bhuidhneach air a h-uile prìomh phròiseas taic is dìon inbheach gus taic a thoirt dhan obair leasachaidh aca.

Ann an sgioba bha riochdairean bho obair shòisealta, slàinte, am poileas, agus riochdaire bhon taobh a-muigh bho chom-pàirteachas eile faisg air làimh. Bha lèirsinn neo-eisimeileach agus ìre a bharrachd de sgrùdadh ann mar thoradh air caraid sgrùdail bhon taobh a-muigh a bhith an sàs ann. Chuir an dòigh-obrach làidir seo ri bhith a' cruthachadh cultar ionnsachaidh agus leasachaidh co-roinnte.

Rinn an com-pàirteachas suirbhidh luchd-obrach airson taic is dìon inbheach sa Ghearran 2024. Bha seo a' gabhail a-steach oifigearan comhairle, luchd-measaidh cùram sòisealta agus luchd-taic gnìomhachais. Sheall na co-dhùnidhean gun tug na modhan-obrach, na pròiseasan agus na frèaman ùra barrachd soilleireachd agus stiùireadh seachad ann a bhith a' solarachadh gnìomhachd dìon inbheach. Bha aonta farsaing am measg an luchd-obrach gun robh na h-atharrachaidhean sin air an cuid chleachdaidh a thoirt air adhart, a' fàgail gun robhar a' dèiligeadh ri barrachd draghan fo thaic is dìon inbheach. Bha an leasachadh seo follaiseach gu soilleir bho bhith a' leughadh nan clàran.

Dh'fheuch an com-pàirteachas ri dotairean-teaghlaich a thoirt a-steach sa chùis tro cheisteachan, ach cha do shoirbhich leotha. Chaidh leantainn air a seo aig coinneamh APC, far an do rinn iad ath-sgrùdadh air gnìomhan gus àite nan dotairean teaghlaich ann an taic is dìon inbheach a chomharrachadh, agus phlanaich iad obair leasachaidh san àm ri teachd gus conaltradh nas fheàrr a bhrosnachadh.

Ann an a' Mhàrt 2024, chaidh suirbhidh luchd-cleachdaidh seirbheis a dhealbhadh agus a chur a-mach gu inbhich a bha a' cleachdadh seirbheisean taic agus dìon inbheach eadar an Dàmhair 2023 agus 2024. Rinneadh seo gus an t-eòlas beatha aca a ghlacadh às dèidh buileachadh nan dòighean-obrach ùra. Dh'fhiosraich na co-dhùnidhean obair leasachaidh a' chom-pàirteachais.

Rinn an com-pàirteachas sgrùdadh ioma-bhuidhneach san Ògmhios 2024 gus sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseas taic is dìon inbheach a chaidh a stèidheachadh leis na modhan ùra a chaidh a thoirt a-steach san Ògmhios 2023. Bha seo a' gabhail a-steach na clàran aig 17 inbhich ann an cunnart bho chron agus bha e a' coimhead air a

h-uile prìomh phròiseas. Chaidh na co-dhùnaidhean a cho-roinn le prìomh chom-pàirtichean gus na cleachdaidhean aca fhèin ath-sgrùdadh agus a leasachadh. Rinn an dòigh-obrach cho-obrachail seo cinnteach gun do chuir gach com-pàirtiche gu gnìomhach ri bhith ag àrdachadh an taic agus ceumannan dìon do dh'inbhich.

Lorg sinn **adhartas subsainteach** leis an raoin prìomhachais seo airson leasachadh. Tha an riaghladh agus barantas càileachd leabaichte anns an dòigh-obrach ioma-bhuidhneach airson fèin-mheasadh a th' aig prìomh chom-pàirtichean. Chomharraich an dòigh-obrach triantanachaidh seo leasachaidhean a bha a rèir toraidhean an ath-sgrùdaidh air adhartas. Mar thoradh air an dealas a thaobh leasachadh leantainneach agus co-obrachadh am measg prìomh chom-pàirtichean, thàinig builean nas treasa agus nas earbsaiche ann an taic is dìon inbheach.

Geàrr-chunntas air adhartas

[Adhartas le prìomh phròiseasan a' gabhail a-steach na chaidh fhaighinn a-mach, le raointean prìomhachais airson leasachadh.](#)

Às dèidh sgrùdadh 2023, chuir prìomh chom-pàirtichean atharrachaidhean riatanach an gnìomh gu h-èifeachdach ann am modhan-obrach agus clàradh. A dh'aindeoin droch ionnsaigh saidhbear, barrachd obair ri dhèanamh agus goireasan luchd-obrach cuibhrichte, thug an com-pàirteachas piseach air càileachd agus cunbhalachd nam prìomh phròiseasan uile mar a chaidh a chomharrachadh ann an sgrùdadh 2023. Rinn an com-pàirteachas deagh stiùireadh air na dùbhlain obrachaidh agus thug iad air adhart prìomh ghnìomhan leasachaidh agus tha seo ri mholadh.

Ghabh an com-pàirteachas ri dòigh-obrach ioma-bhuidhneach a thaobh leasachadh, a' toirt prìomhachas do ghnìomhan, agus goireasan. Nam measg bha siostam clàraidh didseatach ùr a bha a' leabachadh teamplaidean air an deagh dhealbhadh a tha a rèir modhan-obrach agus stiùireadh ùraichte. Sheall luchd-obrach gun robh tuigse làidir aca air na rèiteachaidhean taic is dìon inbheach ùra seo, agus chaidh taic a chumail ri seo le cultar ionnsachaidh. Chaidh prìomhachas a chur air trèanadh luchd-obrach agus chuir seo ri misneachd.

Chuir an dòigh-obrach aonaichte aig slàinte, poilis agus obair shòisealta le bhith a' co-òrdanachadh an cuid oidhirpean ri riaghladh agus tar-shealladh luchd-stiùiridh gus dèanamh cinnteach gun robh inbheach ann an cunnart bho chron sàbhailte agus chuir e ri an sunnd. Chuir seo gu mòr ri ath-leumachd agus bhrosnaich e leasachaidhean subsainteach agus builean nas fheàrr do dh'inbhich ann an cunnart bho chron. Dh'adhbhraich an dòigh-obrach cho-obrachail seo builean nas fheàrr agus rinn e cinnteach gu bheil a' coileanadh nam feumalachdan ann an dòigh nas coileanta.

[Adhartas le ceannardas ro-innleachdail a' gabhail a-steach na chaidh fhaighinn a-mach, le raointean prìomhachais airson leasachadh.](#)

Às dèidh sgrùdadh 2023, thàinig piseach air ceannardas ro-innleachdail airson taic is dìon inbheach san fharsaingeachd. Neartaich ceannardan ro-innleachdail an ceangal agus an co-thaobhadh aca ri taic is dìon inbheach, a' co-roinn amasan coitcheann agus a' brosnachadh cultar fèin-leasachaidh. Rinn iad adhartas subsainteach ann a bhith ag àrdachadh càileachd chleachdaidhean taic is dìon inbheach, fiù 's aig amannan dùbhlanaich.

Fhuair stiùirichean ro-innleachdail tuigse na bu shoilleire air coileanadh a thaobh dìon inbheach tro bhith a' cruinneachadh dàta pongail, a chur dhùnaidhean nas fheàrr an comas. Thug fastaidhean ùra do dhreuchdan stiùiridh, a' gabhail a-steach neach-gairm, dreuchdan stiùiridh fòcas as ùr air dleastanasan luchd-stiùiridh. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air comataidh dìon nan inbheach, agus dh'fhàs buidheann nan àrd-oifigearan na b' eadar-cheangailte, a' toirt seachad tar-shealladh nas fheàrr tro chothroman sgrùdaidh is meòrachaidh làidir.

Bha an com-pàirteachas air piseach a thoirt air fios-air-ais bho inbhich le eòlas beatha ann an cùisean co-cheangailte ri com-pàirteachadh agus dèanamh cho-dhùnaidhean. Dh'fheumadh an com-pàirteachas neartachadh a dhèanamh air mar a bha seo ceangailte ri obair an APC agus ri atharrachadh ro-innleachdail agus gnìomhachd leasachaidh. A dh'aindeoin dùbhlain tha iad làn dhealasach mu bhith ag àrdachadh nan guthan le eòlas beatha.

A' cleachdadh sgrùdaidhean agus modhan fèin-luachaidh, ghlac stiùirichean dàta coileanaidh de bheachdan mu eòlas beatha agus luchd-obrach, a chur leasachaidhean air adhart. Bha na h-oidhirpean sin ro-chudromach ann a bhith ag aithneachadh gun d' rinneadh adhartas susbainteach agus gun robh feum air obair leantainneach. Dhealbhaich stiùirichean ro-innleachdail seiseanan leasachaidh a bharrachd gus slighe an adhartais leantainnich ann an cleachdaidhean taic is dìon inbheach a chumail suas.

Na h-ath cheuman

Cumaidh an neach-sgrùdaidh ceangail aig Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim le bhith a' com-pàirteachadh leis a' chom-pàirteachas agus gus na cothroman leasachaidh a tha san amharc a chomasachadh. Bu chòir dhan chom-pàirteachas leantainn air adhart leis an adhartas aca le bhith a' cleachdadh frèam leasachadh càileachd airson taic agus dìon inbheach gus fèin-mheasadh agus leasachadh san àm ri teachd a stiùireadh. Tha sinn air na toraidhean uile bho bhith a' leughadh nan clàran a cho-roinn leis a' chom-pàirteachas gus obair leasachaidh san àm ri teachd fhiosrachadh. Bu chòir dhan chom-pàirteachas dèanamh cinnteach gum bi riochdachadh air clàr-ama na buidhne buileachaidh nàiseanta iomchaidh agus gum bi eòlas beatha air a riochdachadh gus am bi e an sàs anns na cothroman ionnsachaidh a thaobh cleachdadh a gheibhear tro na fòrman sin. Cumaidh seo taic ri leasachaidhean anns na raointean cleachdaidh a chaidh ainmeachadh.

Àrd-oifis Luchd-
sgrùdaidh a'
Chùraim Compass
House
11 Riverside Drive
Dùn Dè
DD1 4NY
Fòn: 01382 207100
Facs: 01382 207289

Làrach-lìn: www.careinspectorate.com

Tha am foillseachadh seo ri faighinn ann an cruthan eile ma
nithear iarrtas.



© Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim 2025 | Air foillseachadh le: Communications I COMMS-0225-537

@careinspect careinspectorate

